

Plana Nàiseanta na Gàidhlig – Freagairt bho BBC Alba

'Se BBC Alba a tha libhrigeadh an aon t-seirbheis craolaidh iomlan agus nàiseanta a tha anns a' Ghàidhlig, air telebhisean, air rèidio agus air an eadar-lìon. Anns a' bhliadhna 2005-06 chraobh sgaoil BBC Alba mu 180 uair de phrògraman telebhisean Gàidhlig, mu 3,300 uair air Radio nan Gaidheal, agus chruthaichear diofar sheòrsa ghoireasan air an làrach-lìn www.bbc.co.uk/alba air am bi mu 55,000 neach a' tadhal gach seachdain.

Tha BBC Alba a' cur fàilte air an t-sealladh a tha Bòrd na Gàidhlig air a chur fa chomhair anns an dreach de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig. Bhitheamaid am beachd taic a chuir ris an iomairt anns na dòighean a leanas:

Spionnadh

- le bhith a' cruthachadh ghoireasan Gàidhlig do gach aois agus ìre comais a chuidicheas le sgilean tuigse, còmhraidh agus leughaidh a leasachadh agus briathrachas agus gnàthas-cainnt a leudachadh.
- le bhith a' tairgsinn farsaingeachd de phrògraman agus làraich-lìn a bhios beothail agus fiosrachail agus a chuireas ris an tlachd a gheibh daoine as a' Ghàidhlig.
- le bhith cumail oirnn a' tairgsinn obraichean seasmhach airson am feum daoine Gàidhlig ann an diofar àiteachan air feadh Alba.
- le bhith cumail oirnn a' tairgsinn ghreisean gnìomhachais agus cothroman cosnaidh geàrr-ùine do dh'oileanaich agus sgoilearan òga.
- le bhith a' tairgsinn chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh agus a cleachdadh ann an àrainneachd obrach a' BhBC.
- le bhith co-obrachadh le buidhnean eile gus cunbhalachd fhaighinn a thaobh litreachadh, gràmar, briathrachas agus ainmean ann an Gàidhlig.

Inbhe

- le bhith a' dèanamh dhaoine mothachail air a' Ghàidhlig agus cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig tro phrògraman is làraich-lìn.
- le bhith a' craoladh bheachdan dòchasach mu iomadach dhaoine agus chultaran ann am prògraman agus air ar làraich-lìn.
- le bhith a' cumail oirnn a' cruthachadh phrògraman a leudaicheas mothachadh dhaoine a thaobh na Gàidhlig, agus a bheir fiosrachadh dhaibh mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, mu chothroman ionnsachaidh, mu na h-ealain agus mu dhùthchas agus dhualchas nan Gaidheal.

Foghlam

- le bhith a' tairgsinn farsaingeachd de phrògraman is làraich-lìn air an dealbh gus taic a chur ri ionnsachadh is neartachadh sgilean cànan aig gach ìre am beatha neach.
- Le co-obrachadh le buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gum bi na goireasan a tha am BBC a' cruthachadh a' toirt taic mar is urrainn is a tha freagarrach do ro-innleachdan nàiseanta, agus gu bheil iad a' co-fhreagairt air stuthan a tha air an cruthachadh le buidhnean eile.

Cultar

- le bhith a' cumail oirnn a' tairgsinn àrd-ùrlar do luchd-ealain na Gàidhlig agus le bhith a' cumail oirnn a' rannsachadh agus a' foillseachadh cànan agus dualchas nan Gaidheal.
- le co-obrachadh agus a' dol an compairteachasan cruthachail a leigeas linn an fheum as fheàrr a dhèanamh dhen tasglann againn.

Conaltradh

- le seirbheis ùr didsiotach Gàidhlig, aonaichte, ioma-meadhanach agus seasmhach, a chruthachadh ann an compairteachas ri Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.
- le cumail oirnn a' cruthachadh agus a' craoladh farsaingeachd de phrògraman Gàidhlig, agus stuthan eile ann an Gàidhlig air an ruig luchd-amharc, luchd-èisteachd agus luchd-cleachdaidh an eadar-lìn.
- le cumail oirnn a' co-obrachadh le buidhnean eile gus leudachadh a thoirt air goireasan eadar-gnìomhachail agus air-loidhne a bheir taic do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus gus leasachadh a dhèanamh air goireasan ùra air-loidhne a chruthaichear a dh'aona ghnòthaich do luchd-cleachdaidh an eadar-lìon ge be de an aois a tha iad.
- Le bhith cleachdadh nan teicneòlasan as ùire a tha air faire gus cur ris an t-seirbheis Ghàidhlig.